5.2.
H.M.172.
Typo. fe. 215

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

DUANAG

DO

ISEABALL NIC-'ILLEATHAIN,

NIGHEAN AN UASAIL CHAOIMH NACH MAIREANN,

AN T-OLLAMH MAC-'ILLEATHAIN,

GEARRABHAILTEAS, 'AN UITHIST A CHINN-A-DEAS.

LE

IAIN MAC-PHAIDEIN,

GLASCHO:
CLOBHUAILTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH.
1866.

DUANAG.

FONN—Ni mi 'n duanag so le h-aoibhneas
Le dùrachd mo chridhe 'n mhaighdinn,
D' am bu dual bhi uasal, caoimhneil,
Thar gach baintighearna 's an tìr.

Sùilean gorm a's ciùine sealladh,
Aig Beala bhàn Ghearrabhailtis—
Deud mar dhìsnean, dìonach, snaighte,
Ann ad' bheulan meachair, grinn.
Ni mi 'n duanag, &c.

Cha 'n ioghnadh leam thu bhi pròiseil
'S glan an fhuil tha 'd chuislean bòidheach,
Bho Mhoraire mòr Chlann-Dòmhnuill,
'S ann mu 'bhòrd bhiodh ceòl na pìob.
Ni mi 'n duanag, &c.

Tha do chàirdean uasal, neartmhor,
Cruadalach, buadhach 's na batail;
Siosalaich nan lannan sgaiteach,
Choisinn meas am feachd an righ.
Ni mi 'n duanag, &c.

Bu tu nighean an duin'-uasail,
An t-Ollamh còir mac Mhic-Ruaraidh,

Aig an robh an nàdur suairce—
Cha sgeul tuaileis 'tha mi 'g inns'.
Ni mi 'n duanag, &c.

N'an cluinninn thu thighinn 'an dùthaich
Dh'éireadh mo chridhe gu sunndach—
'S fhad a chluinnte fuaim mo chiùil
A' seinn do chliù air feadh na tìr'.
Ni mi 'n duanag, &c.

Dh' òlainn, a ghaoil, do dheoch-slàinte—
'S mi gu'n òladh i 's gu'm pàigheadh,
Do Bhraṇndaidh no do dh'fhìon na Spàinte,
Ged a dh'fhàgadh e mi tinn.
Ni mi 'n duanag, &c.

Tha do ghruaidh mar chaoran mheangan,
T'anail na's cùbhraidh leam n'an caineal,
Muineal a's gile na'n canach—
Mar an eal' air bhàrr na tuinn'.
Ni mi 'n duanag, &c.

An uair a théid thu do Dhùn-éideann
Cha bhi diùc ann nach bi 'n déigh ort,
'S bidh iad a' faighneachd d'a chéile,
"Cò i peacag an fhuilt ghrinn?"
Ni mi 'n duanag, &c.

Troigh chuimir a'm bòtain thana,
Nach lùb am feòirnein air faiche,

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Fo d' chalpannan mìne, geala,
Air dhealbh a' bhradain anns an lìon.
Ni mi 'n duanag, &c.

'S binne leam do ghuth nan smeòrach,
'S milse leam na 'mhil do phògan—
Tha do ghruag mar theudan òir,
'N an dualan bòidheach cùl do chinn.
Ni mi 'n duanag, &c.

Mu'n tig geamhradh nan gaoth reòta
Cha'n fhàgar an Uist an eòrn' thu,
Théid thu Shléibhte nam ban bòidheach—
Do'n Torrmhòr 's an òilte fìon.
Ni mi 'n duanag, &c.

A. SINCLAIR, PRINTER, 62 ARGYLE STREET, GLASGOW.

W. WILSON SINGER, EDINBURGH.